

Ninja: a' Chiad Dùbhlán

Faclan Gàidhlig



làrach-leòin: comharra a bhios, air uaireannan, air do chraiceann ann an àite far an deach a ghearradh agus a shlànaich e

air a phluic: air a bhus, air a ghruaidh

crios: pìos leathair a thèid mud mheadhan gus do bhriogais a chumail suas no d' aodach a cheangal

gaisgeach: duine treun, no a th' air gnìomhan calma a dhèanamh

sgrola: pìos pàipeir air a rolaigeadh

nàmhaid: ma tha duine gu tur nad aghaidh, no ag obair nad aghaidh, 's e do nàmhaid a th' ann



corra-biod: ma tha thu a' falbh air do *chorra-biod*, tha thu a' coiseachd air bhàrr d' òrdagan, gun fhuaim

currac: am pàirt de chòta no seacaid a chòmhdhaicheas do cheann



fir-faire: saighdearan a bhios a' dìon duine no àite



misean: gnìomh sònraichte a dh'fheumas neach, no buidheann, a choilionadh



gu fanaideach: ma chanas tu rud *gu fanaideach*, tha thu a' magadh

sabaid gun arm: sabaid gun chlaidheamh no sìon eile ach do bhodhaig fhèin

maoidheadh: ma chanas tu ri neach, no ma leigeas tu fhaicinn dhaibh, gu bheil thu a' dol a dhèanamh droch rud orra, 's ann a tha thu a' *maoidheadh* orra

rinn mi oidhirp: dh'fheuch mi



cràidhteach: uabhasach goirt

gèilleadh: ma *ghèilleas* tu do neach, tha thu ag aideachadh gun do rinn iad a' chùis ort



uidheamachd: an stuth a dh'fheumas tu airson gnìomh sònraichte a dhèanamh



greabhal: clachan beaga biodach



mean air mhean: beag air bheag



preasach: ma tha aodann duine *preasach*, tha tòrr loidhnichean sa chraiceann

ribe: tha *ribe* na dòigh air neach no rud a chur an grèim no a chur clì



seangan: meanbh-bhiastag (feuch an dealbh air td 29)

ceann-uidhe: an t-àite dha bheil thu a' siubhal



teagamh: ma tha teagamh nad inntinn, chan eil thu cinnteach gun urrainn dhut rud a dhèanamh no a chreidsinn



air a spùilleadh: air a chreachadh

luchd-bratha: bidh *luchd-bratha* a' cumail sùil air neach, daoine no suidheachadh gun fhiosta agus ag innse do dhuine eile dè tha a' tachairt



binn-bàis: tha cùirt a' toirt *binn* air eucoirich – anns na seann-làithean bhiodh eucoirich gan cur gu bàs le *binn-bàis*. Bidh sinn ag ràdh gu bheil rud coltach ri *binn-bàis* mas e cunnart uabhasach a th' ann

ionnsaigh: ma tha neach a' toirt *ionnsaigh*, tha iad a' tighinn a dhèanamh sgrios no a chur cath



dìoghaltas: ma tha thu ag iarraidh *dìoghaltas*, tha thu ag iarraidh cron a dhèanamh air neach mar phàigheadh leis mar a rinn iadsan cron ortsa



air a shnàidheadh: ma tha dealbh air a shnàidheadh ann am fiodha no meatailt, tha e air a tharraing le rud biorach a ghearras am fiodha no meatailt



luachmhor: prìseil

Ninja: a' Chiad Dùbhlán

Faclan à Iapan

ninja: neach- no luchd-sabaid dìomhair

samurai: duine uasal no uaislean na tìre



kimono: còta flagach de shioda



shuriken: ball-armachd air chumadh rionnaig a ghabhas tilgeil



gi: seacaid fhlagach



ninjutsu: ealain-sabaid dhìomhair nan ninja



Buddha: an duine naomh a stèidhich an creideamh Buddhach